



# Pàigheadh Ciorraim Aois a' Pheinnsein

## Dè th' ann am Pàigheadh Ciorraim Aois a' Pheinnsein?

Thatar a' cur Pàigheadh Ciorram Aois a' Pheinnsein an àite a' Chuibhrinn Frithealaidh do dhaoine ann an Alba.

Air 21 Dàmhair 2024, chaidh a chur air bhog ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, air a' Ghàidhealtachd, ann am Baile Obar Dheathain, ann an Arcaibh agus ann an Sealainn.

Bha e an uair sin ri fhaighinn ann an 13 sgìrean ùghdarrais ionadail eile air 24 Màrt 2025 agus bidh e ri fhaighinn air feadh na h-Alba bho 22 Giblean 2025.

## Cò a dh'fhaodas Pàigheadh Ciorraim Aois a' Pheinnsein fhaighinn?

Faodaidh daoine tagradh a chur a-steach airson Pàigheadh Ciorram Aois a' Pheinnsein ma tha iad air aois Peinnsean na Stàite a ruigsinn agus:

- ma tha ciorram orra no ma tha euslaint fhad-ùineach orra
- ma tha iad feumach air cuideachadh le bhith a' coimhead às an dèidh fhèin no ma dh'fheumas cuideigin sùil a chumail orra gus an cumail sàbhailte

NO

- ma tha tinneas-bàis orra

Chan eil Pàigheadh Ciorraim Aois a' Pheinnsein air a dhearbhadh le deuchainn teachd-a-steach. Chan eil e gu diofar a bheil an tagraiche ag obair no a bheil sàbhalaidhean aca.

## Dè ma tha cuideigin a' faighinn Cuibhreann Frithealaidh no Pàigheadh Ciorraim Inbheach mar-thà?

Chan fheum daoine a tha a' faighinn Cuibhreann Frithealaidh tagradh a dhèanamh oir thèid an t-sochair aca a ghluasad gu fèin-obrachail bho Roinn na h-Obrach is nam Peinnseanan gu Tèraineachd Shòisealta Alba. Tachraidh seo ann an ìrean, agus thatar an dùil gun tòisich an gluasad seo ann an 2025.

Bidh daoine a tha a' faighinn Pàigheadh Ciorraim Inbheach fhathast a' faighinn Pàigheadh Ciorram Inbheach agus cha ghluais iad gu Pàigheadh Ciorraim Aois a' Pheinnsein nuair a ruigeas iad aois Peinnsean na Stàite.

## Dè a dh'fheumas sinn bho dhaoine nuair a nì iad tagradh?

Gus co-dhùnadh a dhèanamh air tagradh, feumaidh sinn tuigsinn mar a tha suidheachadh no ciorram cuideigin a' thoirt buaidh air am beatha.

Bidh sinn ag iarraidh air daoine innse dhuinn mu dheidhinn seo san fhoirm-iarrtais agus aon phios de dh'fhiorsachadh taice a thoirt seachad bho phroifeiseantach, far a bheil sin comasach. Chan fheum seo a bhith na bhreithneachadh-lèigh.

Bu chòir dhan fhiorsachadh taice seo a bhith air a thoirt seachad le cuideigin a tha eòlach air a' chliant agus, san fharsaingeachd, bu chòir dha dearbhadh a thoirt seachad air an ciorram, cor no feumalachdan.

Tha eisimpleirean de dh'fhiorsachadh taice a' gabhail a-steach planaichean cùraim shòisealta, liostaichean de dh'òrdughan-chungaidhean, litrichean tar-chuir agus aithris taice san fhoirm iarrtais.

Faodaidh an lònra de thaic nas fharsainge aig a' chliant, leithid caraidean, teaghlaich, no luchd-cùraim neo-phàighe, fiosrachadh taice a thoirt seachad cuideachd. Faodar tagraighean a dhèanamh gun fhiorsachadh taice - faodaidh sinn a chruinneachadh às an leth ma dh'iarras iad oirnn.

Ma tha tinneas-bàis air an neach a tha a' dèanamh an tagraidh, faodaidh iad tagradh a dhèanamh fo riaghailtean sònraichte agus làimhsichidh sinn an tagradh aca gu luath.

Ma tha cuideigin a tha air iarrtas a chur a-steach airson Pàigheadh Ciorraim Aois a' Pheinnsein no a tha ga fhaighinn mar-thà an uair sin a' faighinn breithneachadh-lèigh de thinneas bàis, feuch gun cuir thu fios gu Tèarainteachd Shòisealta Alba. Is urrainn don luchd-comhairle sònraichte againn cuideachadh an toirt tron phròiseas, no cuideigin a tha ag aithris air an son a thoirt tron phròiseas, aig astar a tha freagarrach dhaibh.

### Ciamar a tha reataichean a' phàighidh gan obrachadh a-mach?

Tha 2 ìre aig Pàigheadh Ciorraim Aois a' Pheinnsein – ìre nas ìsle agus ìre nas àirde.

Thèid an ìre as ìsle a thoirt seachad ma choileanas cuideigin na slatan-tomhais air sgàth am feumalachdan an dara cuid tron latha no tron oidhche. Is e seo £73.90 gach seachdain.

Thèid an ìre as àirde a thoirt seachad ma choileanas cuideigin na slatan-tomhais air sgàth am feumalachdan an dà chuid tron latha agus tron oidhche, no ma tha cuideigin tinn le tinneas-bàis. Is e seo £110.40 gach seachdain.

Chan eil cuibhreann comas gluasaid ann am Pàigheadh Ciorram Aois a' Pheinnsein.

### Ciamar a thèid daoine a phàigheadh?

Bidh a' chiad phàigheadh air obrachadh a-mach mar as trice bhon cheann-latha a chuir an cliant fios thugainn gus pròiseas an iarrtais a thòiseachadh no nuair a chaith a' chiad phàirt den iarrtas air-loidhne aca a chur a-steach.

Bithear a' pàigheadh Pàigheadh Ciorraim Aois a' Pheinnsein gach 4 seachdainean. Bidh am pàigheadh seo airson na h-ùine 4 seachdainean ron sin. Thèid a phàigheadh a-steach dhan chunntas a thugadh seachad mar phàirt den iarrtas.

Ma tha tinneas-bàis air an neach, thèid am pàigheadh gach seachdain ro làimh.

### A bheil am pàigheadh ri fhaighinn dhaibhsan a tha a' fulang tinneas-bàis?

Tha. Tha pròiseas iarrtais luath fa leth ann dhaibhsan a tha a' fulang tinneas-bàis. Gheibh cliantan a tha airidh an ìre as àirde den t-sochair, ge b' e dè cho fada 's a tha tinneas-bàis air a bhith orra no dè cho fada 's a thathar an dùil gum bi iad beò.

Gus an t-iarrtas a làimhseachadh gu luath, feumaidh sinn dearbhadh air breithneachadh-lèigh an tinneis-bàis bho dhotair no nurs. Bu chòir dhaibh seo a thoirt seachad le bhith a' lionadh an fhoirm Measadh Shochairean fo Riaghailtean Sònraichte ann an Alba (BASRIS). Faodaidh cliantan iarraidh oirnne seo iarraidh bhuapa. Chan fheumar fiosrachadh taice sam bith a bharrachd.

### Ciamar a nì daoine tagraidh?

Gheibh daoine barrachd fiosrachaiddh agus faodaidh iad iarrtas a dhèanamh air-loidhne aig [mygov.scot/pension-age-disability-payment](https://www.gov.scot/pension-age-disability-payment) Faodaidh daoine cuideachd cur a-steach aghaidh-ri-agaidh, air a' fòn no foirm-iarrtais pàipeir iarraidh tron phost le bhith a' cur fòn thugainn an-asgaidh air **0800 182 2222**.

### Dè an taic a bharrachd a th' ann gus tagradh a dhèanamh?

Tha an t-seirbheis tagrachd neo-eisimeileach VoiceAbility a' toirt taic do dhaoine air a bheil ciorram nuair a tha iad a' cur a-steach airson sochairean Tèarainteachd Shòisealta Alba. Cuir fios gu VoiceAbility an-asgaidh air **0300 303 1660** no tadhail air [www.voiceability.org](http://www.voiceability.org).

Tha barrachd taic le bhith a' dèanamh tagradh ri faighinn cuideachd bho luchd-comhairle claint ionadail aig Tèarainteachd Shòisealta Alba. Faodaidh daoine agallamh a chur air dòigh aig àm agus ann an àite a tha freagarrach le bhith a' cur fòn thugainn air 0800 182 2222. Faodar coinneamhan a chumail aig an taigh, sa choimhearsnachd, no tro ghairm bhidio no fòn.

### Ciamar as urrainnear fios a chur thugainn?



Cuir fòn thugainn an-asgaidh air: 0800 182 2222



Seirbheis Text Relay: 18001 +0300 244 4000  
(do dhaoine a tha maol sa chlaisneachd)



Luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh  
Bhreatainn: [contactscotland-bsl.org](mailto:contactscotland-bsl.org)



Còmhradh lin: [chat.socialsecurity.gov.scot](http://chat.socialsecurity.gov.scot)